



Teisteanais  
Nàiseanta  
2016

**X732/76/11**

**Gàidhlig  
Leughadh**

Gàidhlig  
Reading

**Àrd-Ìre**

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

9:00 M – 10:40 M

**Comharran gu lèir — 30**

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile airson Sgrìobhadh. Cuir do fhreagairtean airson Sgrìobhadh ann an leabhran nam freagairtean airson Sgrìobhadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 6 1 1 \*

An Cuireadh

Bha leithid de bhuaireadh nam cheann agus gun robh cas a' fuireach is cas a' falbh. Bha a' chairt fhathast air a' bhòrd bheag aig an doras far an do thilg mi i an latha a thàinig i còrr agus seachdain air ais. Thug mi sùil aithghearr air a' chleoc. Cha b' fhada gus an tòisicheadh a' chuir, aon chuir ann an sìorraidheachd de chuirmean san taigh ud. Bha na cuirmean aig an Taigh Mhòr  
5 air an oighreachd ainmeil. Cha b' ann dìreach airson biadh agus deoch ach airson argamaidean agus bìdeadh a bheireadh air gu leòr fuireach air falbh. Bha fiù 's an cuireadh fhèin mar nàdar de rabhadh dhomh — cairt thiugh, òr 's dearg air a h-iomall agus m' ainm air a dhroch litreachadh ann an làmh-sgrìobhaidh grinn. Thog mi a' chairt agus laigh mo shùil air suaicheantas an teaghlach aig an robh an taigh mòr leòmach. Bha e ag èigheach agus cha b' ann ag innse, gun  
10 robh inbhe agus beairteas aca agus nach robh an leithid san sgìre. Agus an t-aodach . . .

“Foirmeil. Huh! B' eòlach do sheanair air foirmeil,” thuirt Anna, mo phiuthar, 's i a' coimhead thairis air mo ghualainn, gàire a' mhagaidh air a h-aodann agus tàire na guth. Lean sreath cainnt i 's i a' falbh gus na beathaichean a bhiadhadh. Cha robh taobh aicese riamh ris na daoine saidhbhir san taigh mhòr shuas air a' chnoc. Cha b' urrainn dhomh ach a bhith ag aontachadh  
15 leatha. Thug mi sùil air a' chairt a-rithist. Ach dè chuirinn orm? Smaoinich mi a-rithist air mo sheanair. Duine iriosal, dòigheil aig nach robh ach aon deise. Cha d' fhuair e cuireadh riamh don Taigh Mhòr agus cha robh ionndrainn sam bith air. Dè chanadh esan mu dheidhinn?

Fearann agus fèidh; breac agus bradan; càraichean agus eich; guthan àrda bragail agus cion spèis do chàch. Fad oidhche ag èisteachd ris na stòiridhean faoin agus amaideas nan uaislean. Cha b' urrainn dhomh fhìn a bhith mar phàirt den ghòraiche oir cha robh eòlas agam air an t-saoghal mhòr choimheach sin. B' ann a bhithinn coltach ri bradan air bruach aibhne, ùr às an uisge, a' strì airson anail. Thàinig briathran mo sheanar thugam: “Cha dèan math dhut beairteas a shireadh — cha toir e toileachas dhut gu bràth.”

Ach a' mhadainn sin fhèin bha mi air fathann a chluinntinn gum biodh Mairead, nighean an uachdarain, ann. Mairead bhrèagha, bhàn. Mairead a ghlac mo shùil a' chiad latha a thachair mi rithe. Mairead a thugadh bhuam agus a dh'fhàg mi le cridhe briste. Chuala mi gun robh i air tilleadh, air a sàrachadh leis an t-saoghal san robh i agus i am beachd a dachaigh a dhèanamh anns a' bhaile a-rithist. Saoil am biodh àite agamsa na beatha ùr sin mar a bha uaireigin? Ann an dìog, thionndaidh na tuinn air a' chladach agus bha mi air ais ann an làithean m' òige, nuair a bha  
25 aois agus uallach cho fada bhuam 's a bha foirmeileachd bho mo sheanair. Saoil an gabhadh èibhleagan an t-seann teine sin ath-bheothachadh? Saoil am biodh lasraichean a' ghaoil sin cho teth 's a bha iad uaireigin? Saoil an tigeadh a h-athair eadarainn an turas seo? Nach neònach am miann a tha aig mac an duine air na rudan sin a nì cron air!

Thog mi a' chairt a-rithist. Bha i gam tharraing, gam bhuaireadh 's i a' bagairt orm a h-òrdugh a leantainn. Uaireannan ag èigheach, uaireannan eile a' cagar nam chluais. Gam threòrachadh agus gam thàladh a dh'ionnsaigh an Taigh Mhòir. An robh a' chairt a' faicinn barrachd air na chitheadh an t-sùil, gu h-àraid sùil aig nach robh sealladh air mo chridhe?

Ann am prioba na sùla, bha bòidhchead Mairead air mo chur an grèim a-rithist. Leum mi suas an staidhre mar each thairis air feansa agus thòisich mi air rùrach sa phreasa airson aodach spaideil  
40 fhaighinn. Dè idir a bha mi a' dèanamh? Às dèidh dhomh seacaid mo dheise agus an taidh shìoda a thug Mairead dhomh o chionn bhliadhnaichean a chur orm, thug mi sùil orm fhèin san sgàthan. An robh gleans gu leòr air mo bhrògan? Carson nach deach mi a choimhead air a' bhorbair nuair a thàinig a' chairt? Co-dhiù, fhuair mi rian air m' fhalt mu dheireadh thall agus thog mi orm gu an Taigh Mhòr, mo chridhe a' plubail nam bhroilleach. Fichead uair, chuir mi mo làmh nam phòcaid  
45 airson dèanamh cinnteach gun robh a' chairt agam. 'S e cùis nàir' a bhiodh ann mura leigeadh na searbhantan a-staigh mi. Searbhantan. Carson a bha an saoghal seo gam tharraing — an saoghal dìomhair seo dha nach do bhuin mise no mo shinnsèaran?

Nam fhallas, rinn mi mo shlighe suas staran mòr, fada, farsaing agus na gàrraidhean foirmeil gam chuartaich. Bha e follaiseach gun robh a' chuirm air tòiseachadh. Cha b' urrainn dhomh ach a bhith a' toirt an aire do na càraichean spaideil, gleansach a' deàrrsadh mar bhuinn òir taobh a-muigh an taighe. Bha mi an impis ruith air falbh aig an doras nuair a chaidh fàilte fhoirmeil a chur orm le bodach a bha a' cromadh air beulaibh gach duine a chaidh seachad air. Bha an sealladh a' toirt nam chuimhne prògram dràma mu na seann làithean a chitheadh tu air an telebhisean. Ach cha b' e seann dràma a bha seo idir ach beatha. Mo bheatha-sa agus beatha Mairead. Seo an cothrom mu dheireadh agam a sguabadh suas air each mòr geal agus ruith air falbh leatha aig peilear ar beatha.

Dh'aithnich mi i sa mhionaid — cha robh a bòidhchead riamh air a trèigsinn. Bha i fhathast àrd, eireachdail, uasal agus bha grìogagan gorma mu h-amhaich mar sgàthan air a sùilean deàlach domhainn. Ach cò an duine a bha ga treòrachadh air feadh an ùrlair mar a bha pongan a' chiùil ag iarraidh air? Cha do dh'aithnich mi idir e ach bha e follaiseach nach robh aige ri bhith a' sgrìobadh na phreas-aodaich airson deise spaideil. Cha do dh'fhàg a shùilean aghaidh mhaiseach Mairead. An robh nighean an Taigh Mhòir air saoghal ùr a dhèanamh dhi fhèin mar-thà? Ah, Mairead. Bha mo chridhe na smàl agus thuig mi nach b' urrainn do chuantan mòra de dh'ùine lasraichean a' ghaoil a bhàthadh. Thionndaidh i thugam le gàire blàth air a h-aodann a' cur cùl ris an duin' uasal. Nam chridhe, leum an t-each geal thairis air gach feansa gun dragh, gun dùbhlàn. Nach ann orm a bhiodh an t-aithreachas mura robh mi air cluas a thoirt don chairt!

COMHARRAN

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

1. Ciamar a tha e follaiseach nach do sheall an sgrìobhadair ùidh anns a' chuireadh nuair a thàinig e an toiseach? 1

Coimhead a-rithist air loidhnichean 3 gu 10.

2. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir gur e cuirm spaideil a bha gu bhith aig an Taigh Mhòr an oidhche ud. Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 11 gu 14.

3. Tha e soilleir nach robh Anna idir measail air na daoine a bha a' fuireach anns an Taigh Mhòr. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair structar seantans agus taghadh-facail gus seo a dhèanamh follaiseach. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 15 gu 17.

4. Seall mar a tha e air a dhèanamh follaiseach gun robh beachd an sgrìobhadair agus beachd a sheanar air cuirmean mar seo eadar-dhealaichte. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 18 gu 19.

5. Mìnich mar a tha am pàirt seo den sgeulachd a' toirt barrachd soilleireachaidh dhuinn air beatha muinntir an Taighe Mhòir. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 21 gu 22.

6. Seall dè cho èifeachdach 's a tha an ìomhaigh seo ann a bhith ag innse cho mì-chofhurtail 's a bhiodh an sgrìobhadair aig a' chuirm. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 24 gu 28.

7. Dèan geàrr-chunntas air na smuaintean a bh' aig an sgrìobhadair nuair a chuala e am fathann gun robh Mairead air tilleadh. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 28 gu 33.

8. Tha an sgrìobhadair a' cuimhneachadh air mar a bha cùisean eadar e fhèin agus Mairead nuair a bha iad òg agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith fhathast. Le bhith a' coimhead air ìomhaigheachd agus taghadh-facail no structar, seall mar a tha e air seo a dhèanamh soilleir. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 34 gu 37.

9. Seall, le fianais, mar a bha an sgrìobhadair a' toirt ort a bhith a' faireachdainn gu bheil a' chairt mar rud beò. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 38 gu 44.

10. Nuair a rinn an sgrìobhadair suas inntinn a dhol don chuirm, seall mar a rinn e follaiseach gun robh e draghail mu choltas an oidhche ud. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 44 gu 52.

11. Bha an sgrìobhadair nearbhasach a' dèanamh a shlighe don chuirm. Ciamar a tha fhios agad gun robh mòran beairteis aig muinntir an Taighe Mhòir? 2

Thoir sùil air an teacs a gu lèir.

12. Tha ìomhaigheachd mu each ri faicinn tron sgeulachd air fad. Seall mar a tha an ìomhaigh leantainneach seo cho èifeachdach ann a bhith a' toirt dealbh dhuinn de shaoghal Mairead agus an sgrìobhadair. 2

13. Beachdaich air an sgeulachd air fad. Seall dè cho èifeachdach 's a tha an loidhne mu dheireadh mar chrìoch air an sgeulachd. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air plota, ìoranas agus taghadh-facail. 2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



Teisteanais  
Nàiseanta  
2016

**X732/76/12**

**Gàidhlig  
Sgrìobhadh**

Gàidhlig  
Writing

**Àrd-Ìre**

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

9:00 M – 10:40 M

**Comharran gu lèir — 20**

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile airson Leughadh. Cuir do fhreagairtean airson Leughadh ann an leabhran nam freagairtean airson Leughadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 6 1 2 \*

## Comharran gu lèir — 20

### Feuch AON cheist

#### 1. Rosg

- (a) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns an do nochd cuspair/cuspairean a bha, nad bheachd, cumhachdach. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair diofar sgilean sgrìobhaidh gus an cuspair/na cuspairean seo a chur an cèill.

NO

- (b) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns an robh deireadh ris nach robh thu an dùil. Seall mar a bha an deireadh cho cudromach ann a bhith a' cur ri teachdaireachd na sgeulachd.

#### 2. Bàrdachd

- (a) Tagh pìos bàrdachd a tha a' toirt air an leughadair smaoinichadh mu chuspair sònraichte. Seall mar a chleachd am bàrd diofar sgilean sgrìobhaidh gus an cuspair seo a chur fa chomhair an leughadair.

NO

- (b) Tagh pìos bàrdachd aig a bheil barrachd air aon chiall. Seall mar a tha an dàn soirbheachail aig diofar ìrean agus mar a thug e buaidh ort mar leughadair.

#### 3. Dràma

- (a) Tagh pìos dràma a chunnaic no a leugh thu anns an robh caractar a bha connspaideach. Seall mar a chruthaich an sgrìobhadair suidheachadh agus plot gus àite cudromach a thoirt dhan caractar chonnsaideach seo.

NO

- (b) Tagh pìos dràma a chunnaic no a leugh thu anns an robh teachdaireachd a bha, nad bheachd, cudromach. Seall mar a dh'èirich an teachdaireachd às an dràma agus inns mar a thug i buaidh ort.

#### 4. Film/Telebhisean

- (a) Tagh film no prògram dràma anns an do nochd cuspair/cuspairean a tha cudromach ann an saoghal an latha an-diugh. Seall mar a nochd na cuspairean seo agus mìnich mar a tha iad a' buntainn ris an t-saoghal anns a bheil sinn beò.

NO

- (b) Tagh film no prògram dràma a bha an dà chuid aotrom agus domhainn. Seall mar a dh'obraich an dà stoidhle seo le chèile gus film/prògram dràma tarraingeach a chruthachadh.



## 5. Cànan

- (a) Le bhith a' cleachdadh eisimpleirean, seall cho soirbheachail 's a tha na h-Ealain Ghàidhlig air a bhith anns na bliadhnaichean mu dheireadh.

NO

- (b) Le bhith a' cleachdadh eisimpleirean, inns mun bhuaidh a tha air a bhith aig cruinn-eòlas agus eachdraidh air ainmean-àite anns an sgìre agad fhèin no ann an Alba air fad.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2016

Comharra



**X732/76/03**

**Àrd-Ìre**

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

11:00 M – 11:40 M (moladh)

**Gàidhlig  
Èisteachd**

**Gàidhlig Listening**



\* X 7 3 2 7 6 0 3 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an  
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

**Comharran gu lèir — 20**

Cluinnidh tu earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas. Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu rùm nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 1 \*

1. Dè bha sònraichte mu *Shlighe Taobh Siar na Gàidhealtachd* nuair a dh'fhosgail i?

1

---

---

2. Carson a bhios airgead air a chosg air an t-slighe gach bliadhna?

2

---

---

---

---

3. Thoir seachad dà adhbhar carson a bhios cuid mhath de dhaoine a' coiseachd bho dheas gu tuath.

2

---

---

---

---

4. A thaobh goireasan siubhail, dè tha na buannachd do dhaoine a bhios a' coiseachd air an t-slighe?

1

---

---



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 2 \*

5. Smaoinich air an t-seantans a tha a' tòiseachadh: “S iomadh neach a thòisich . . .”

Nad bheachd, dè an t-amas a bha aig an neach-labhairt an seo?

2

---

---

---

---

6. (a) A bharrachd air campachadh, càit am faod luchd-coiseachd an oidhche a chur seachad?

1

---

---

(b) Dè bhiodh tarraingeach mu na h-àiteachan seo?

2

---

---

---

---

7. Dè tha air a ràdh mun rèis bhliadhnail a tha air a cumail air *Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd*?

2

---

---

---

---

[Tionndaidh an duilleag



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 3 \*

8. Carson a tha daoine airson a bhith a' coiseachd air *Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd*?

2

---

---

---

---

9. Tha an neach-labhairt a' moladh deireadh an earraich mar an t-àm as fheàrr airson coiseachd air an t-slighe. Thoir seachad dà adhbhar a tha aige airson seo.

2

---

---

---

---

10. Dè a' chomhairle a tha aig an neach-labhairt do luchd-coiseachd mus tòisich iad air an t-slighe?

1

---

---

11. Smaoinich air deireadh na h-earrainne.

Nad bheachd, a bheil an neach-labhairt a' meas gu bheil *Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd* air a bhith soirbheachail? Mìnich do fhreagairt.

2

---

---

---

---

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 4 \*

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN  
SEO

## ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 5 \*

*Duilleag 05*

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN  
SEO

## ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 6 \*

*Duilleag 06*



[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 7 \*

*Duilleag 07*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 8 \*

*Duilleag 08*



Teisteanais  
Nàiseanta  
2016

**X732/76/13**

**Àrd-Ìre**

DICIADAIN, 1 ÒGMHÌOS

11:00 M – 11:40 M (moladh)

**Gàidhlig  
Earrann Èisteachd**

**Gàidhlig  
Listening Transcript**

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

Ri fhosgladh leis an tidsear mur a h-eil an disc ag obair neo far a bheil cead air a thoirt seachad ro làimh leis an SQA airson an stuth a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte.

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



\* X 7 3 2 7 6 1 3 \*

### Stiùiridhean airson leughadair(ean)

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro làimh, feumar boireannach airson earrann comharraichte le **(b)** agus fireannach airson **(f)**; agus neach-teagaisg far a bheil **(n-t)**.

### Instructions to reader(s)

Read the passage twice with an interval of 3 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(b)** should be read by a female speaker and those marked **(f)** by a male; those sections marked **(n-t)** should be read by the teacher.

**(n-t)** Cluinnidh tu earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas. Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.

*(1 mionaid)/(1 minute)*

**(b/f)** Cluinnidh tu earrann mun rathad-coiseachd ainmeil, *Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd*.

'S e rathad-coiseachd fada a tha a' ruith eadar Glaschu agus An Gearasdan a tha ann an *Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd*. Tha an t-slighe beagan gann air ceud mìle a dh'fhaid agus nuair a dh'fhosgail i an toiseach, cha robh slighe fhada eile de a leithid ann an Alba. Bidh mòran dhaoine às gach ceàrnaidh de dh'Alba agus, gu dearbh, à dùthchannan eile a' feuchainn air an t-slighe gach bliadhna. Tha soirbheas na slighe ag adhbhrachadh gum bi pàirtean den rathad-coiseachd gu tric air an droch chaitheamh. Feumar mòran ionmhais a chosg air a bhith a' cumail na slighe aig ìre a bhios sàbhailte don luchd-coiseachd. 'S ann air na diofar chomhairlean tro bheil an t-slighe a' ruith a tha uallach airson seo.

'S e an cleachdadh a th' aig a' mhòr-chuid a bhith a' coiseachd bho dheas gu tuath. 'S fheàrr leotha cùl a chur ris a' bhaile mhòr agus a bhith a' dèanamh air sgìre iomallach na Gàidhealtachd. Cha bhi a' ghrian a' deàrrsadh nan sùilean nas mò agus i air an cùlaibh. Bhon a tha toiseach na slighe ann an Glaschu agus a' chrìoch anns a' Ghearasdan tha e furasta do luchd-coiseachd a bhith a' cleachdadh còmhdhail phoblach airson an t-slighe a ruighinn agus fhàgail nuair a bhios iad deiseil.

Feumaidh daoine a tha ag amas air an t-slighe a choisich a bhith fallain, èasgaidh agus air an deagh ullachadh. 'S e fìor dhùbhlán a tha ann a bhith a' coiseachd astar cho fada air slighe a tha a' dol tro mhonaidhean na Gàidhealtachd. 'S iomadh neach a thòisich nach do chuir crìoch air an t-slighe. Feumaidh neach a bhith comasach air màileid throm a ghiùlan agus a bhith làidir na inntinn nuair a bhios a chorp a' fàs sgìth. Bidh cuid a' roghnachadh gach oidhche a chur seachad ann an teanta. Tha gu leòr thaighean-aogheachd ge-tà ri taobh na slighe anns a bheil leapannan cofhurtail a bhios a' toirt faochadh do na fèithean goirt an dèidh oidhirp mhòr an latha. Bidh a' mhòr-chuid de luchd-coiseachd a' cur crìoch air an t-slighe taobh a-staigh seachd latha ged a ruigeas feadhainn an ceann-uidhe fada nas luaithe na sin. Thèid rèis bhliadhnail a chumail eadar gach ceann den t-slighe air an Disathairne as fhaig' air meadhan an t-samhraidh. 'S i còig uairean deug an ùine a bu ghiorra a chaidh a chlàradh a-riamh airson an rèis a chrìochnachadh.

'S e a bhith a' faicinn maise àrainneachd taobh siar na Gàidhealtachd am prìomh adhbhar a bhios aig a' mhòr-chuid de luchd-coiseachd na slighe. Bidh feadhainn cuideachd airson faighinn air falbh bho uallach am beatha làitheil airson greis ach cha bu chòir dùil a bhith aca ri sàmhchair anns na gleanntan. 'S ann trang dha-rìribh a bhios an t-slighe - gu h-àraid air an deireadh-sheachdain as t-samhradh. Tha cuid mar sin den bheachd gur e fìor dheireadh an earraich an t-àm as fheàrr airson an dùbhlán seo a choileanadh. Cha bhi an t-slighe cho trang agus cha bhi a' mheanbh-chuileag ghràineil a' dèanamh uiread de dhragh do luchd-coiseachd. Cha bhi an teas a' cur bacadh orra nas mò aig an àm sin den bhliadhna. Mar a tha fios againn uile ge-tà, tha an aimsir ann an Alba gu math caochlaideach agus 's fhiach sùil gheur a chumail air ro-aithris na sìde mus tòisichear air an t-slighe.

Tha còrr is trithead bliadhna a-nis on a dh'fhosgladh an t-slighe. A dh'aindeoin na cosgais a tha an lùib *Slighe Taobh Siar na Gàidhealtachd* a chumail aig ìre, chan eil teagamh nach eil an t-slighe air fìor thoileachas a thoirt dhan mhòr-chuid de dhaoine a tha air coiseachd oirre. Tha dìleab mhaireannach na slighe follaiseach ann an iomadh sgìre de dh'Alba far a bheil rathaidean-coiseachd fada eile a-nise rin lorg. San latha an-diugh tha Alba aithnichte mar dhùthaich anns a bheil goireasan air leth airson luchd-coiseachd a tha a' gabhail tlachd ann an seallaidhean eireachdail na dùthcha.

**(n-t) Crìoch na h-earrainn.**

**A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.**

**[CRÌOCH NA H-EARRAINN]**

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO